

Fionn MacCumhaill agus Fuamhaire Mòr na h-Alba

Dealbh-chluich stèidhte air sgeulachd à Èirinn

Caractaran

Sgeulaiche 1 le èideadh air/oirre mar mhap de dh'Alba

Sgeulaiche 2 le èideadh air/oirre mar mhap de dh'Èirinn

Fionn MacCumhaill

Fionn MacCumhaill nuair a bha e na ghille òg

Gràisg de nàimhdean

Fear le aon sùil ann am meadhan a' bhathais

Fuamhaire à Èirinn


Cù mòr

Bran (Cù Fhinn)

Fuamhaire Mòr na h-Alba

Bean Fhinn

Eilean Mhanainn



SEALLADH 1 – EACHDRAIDH BEATHA FHINN

Sgeulaiche 1

O chionn fhada an t-saoghail bha fear ann an Èirinn air an robh Fionn MacCumhaill. 'S e duine air leth a bh' ann. Bha e calma agus bha e làidir. 'S e seòrsa de rìgh a bh' ann. Bha e air ceann treud mòr de ghaisgich ris an canadh iad Fianna na h-Èireann. 'S e bàrd a bh' ann cuideachd agus bha cumhachdan sònraichte aige. Nuair a bha e na ghille òg, loisg e òrdag 's e a' ròstadh bradan. 'S e bradan seunta a bh' ann, agus bhon latha sin a-mach, cha leigeadh Fionn a leas ach òrdag a chur na bheul, agus bìdeadh

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

oirre, agus bhiodh fhios aige air a h-uile rud air an t-saoghal. Bha e air chomas dha innse dè bha a' dol a thachairt mus tachradh e, no innse càit an robh duine a bh' air chall, no innse dè bha duine ris ged a bha an duine sin na mìltean thar mhìltean air falbh on àite san robh e fhèin.

Sgeulaiche 2

Bha dachaigh Fhinn air mullach cnuic ris an can iad Almhain. Tha Almhain ann an sgìre Chill Dara, a tha meadhanach faisg air far a bheil Baile Àtha Cliath an-diugh. Bha taigh mòr aig Fionn air a' chnoc agus bhiodh e fhèin agus na Fianna a' sabaid ri chèile air na srathan ìosal, uaine mu chuairt air gus am biodh na sgilean saighdearachd aca cho math 's a ghabhadh. An uair sin bhiodh iad a' falbh air feadh na h-Èireann 's iad a' cur cogadh agus a' sabaid.

Sgeulaiche 1

Ged a bha mòran dhaoine uabhasach dèidheil air Fionn, bha mòran nàimhdean aige cuideachd.

(Chithear FIONN agus GRAÌSG DE NÀIMHDEAN air a bheulaibh 's FEAR DHIUBH LE AON SÙIL ann am meadhan a bhathais.)

Bha treud de dhaoine ann an Èirinn an uair sin aig nach robh ach aon sùil ann am meadhan am bathais. Bhiodh cuid de dhaoine ag ràdh gun d' fhuair Fionn na cumhachdan sònraichte aige nuair a mharbh e fear dhe na daoine sin.

(Chithear FIONN a' sabaid ris na daoine seo agus a' marbhadh AN FHIR LE AON SÙIL am meadhan a bhathais.)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Mar sin, bha gràin aca uile air Fionn agus bhiodh iad tric a' sabaid na aghaidh. Bhiodh e a' sabaid an aghaidh dhaoine eile cuideachd. Aon turas thàinig fuamhaire mòr, uabhasach a dh'Èirinn le cù mòr a mharbh còrr is ceud fear agus ceud cù. 'S e Bran, an cù aig Fionn, a mharbh an cù sin.

SEALLADH 2 – FUAMHAIRE MÒR NA H-ALBA V FIONN

Sgeulaiche 2

Bha Fionn uabhasach àrd agus làidir, coltach ri fuamhaire. Cha robh duine eile ann an Èirinn a bha cho làidir ris. Mar sin, cha robh eagal aige ro dhuine ann an Èirinn, ach bha eagal air ro fhuamhaire mòr a bha a' fuireach air an taobh thall de Shruth na Maoile – an cuan eadar Èirinn agus Alba.

(Chithear SGEULAICHE 1 le FUAMHAIRE NA H-ALBA air a bheulaibh agus SGEULAICHE 2 a' riochdachadh Èirinn air taobh deas na stèidse le FIONN air a bheulaibh a' coimhead draghail.)

Chithear pìos sioda liath eatarra a' riochdachadh Sruth na Maoile)

Sgeulaiche 1

Bhiodh daoine ag ràdh nach robh duine air thalamh a bha na bu mhotha no na bu làidire na Fuamhaire Mòr na h-Alba. Air làithean ciùin bhiodh muinntir na h-Èireann a' cluinntinn èigheachd agus bùirean a' tighinn thuca air a' ghaoith.

(Cluinnear èigheachd agus bùirean air a' ghaoith agus chithear dithis a' coiseachd air an àrd-ìurlar air an taobh aig Èirinn)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Tè à Èirinn

(air a clisgeadh agus a' bruidhinn ris an fhear ri taobh) Cluinn siud, siud Fuamhaire Mòr na h-Alba 's e ag èigheachd airson a dhinneir.

Fear à Èirinn

Smaoinich, cho mòr 's a dh'fheumadh duine a bhith airson fuaim mar siud a dhèanamh. Nas mothà na Fionn MacCumhaill, tha fhios. Tiugainn.

(Tha an dithis aca a' dèanamh às ann an cabhag.)

Sgeulaiche 2

Ged nach robh seo a' còrdadh ri Fionn, cha do ghabh e cus dragh fhad 's a bha Fuamhaire Mòr na h-Alba air taobh thall a' chuain air cost an iar na h-Alba.

Fionn

Fhad 's a tha Sruth na Maoile eadarainn, tha mi sàbhailte gu leòr.

Sgeulaiche 1

Nise, fhad 's a bha Fionn a' gabhail dragh gun robh Fuamhaire Mòr na h-Alba na bu mhotha agus na bu làidire na e fhèin, saoil dè bha Fuamhaire na h-Alba ris? Saoil an robh esan toilichte leis fhèin? Saoil an robh e a' smaointinn gun dèanadh e a' chùis air Fionn nan tachradh iad ri chèile?

Sgeulaiche 2

Cha robh. 'S ann a bha esan an amharas gun robh Fionn na bu mhotha agus na bu làidire na e fhèin agus gur e Fionn a dhèanadh a' chùis airson nan tachradh iad ri chèile. Bha cliù mòr aig Fionn mar rìgh agus mar bhàrd agus mar ghaisgeach, cha b' ann a-mhàin ann an Èirinn, ach air feadh an t-saoghal mhòir. Bha Fuamhaire Mòr na h-Alba air a h-uile sòn dhen seo a chluinntinn agus cha robh e idir idir air a dhòigh. Bha e ag eudachd ri Fionn.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fuamhaire na h-Alba (*ris fhèin*) Carson nach bi duine a' bruidhinn ormsa? Tha thìde agam sin a chur ceart. Uill. 'S ann air Fuamhaire Mòr na h-Alba a bhios iad a' bruidhinn air feadh Alba 's Èirinn nuair a chuireas mi cath air Fianna na h-Èireann agus a nì mi a' chùis orra. Bidh m' ainm air bilean gach uile dhuine air thalamh an uair sin. Seallaidh sin do dh'Fhinn MacCumhaill. Ò, 's e a chòrdas rium!

Sgeulaiche 1

Aon latha, nuair a bha grian an t-samhraidh a' sgoltadh nan clachan le teas, rinn Fuamhaire na h-Alba suas inntinn gun rachadh e a dh'Èirinn feuch cò bu làidire, e fhèin no Fionn. Bha Fionn e fhèin a-muigh fad an latha sin 's e ann an deagh shunnd. Bha a' mhòine a bhuain e as t-earrach a-nis air tiormachadh agus thug Fionn air ais chun an taighe i agus rinn e cruach leatha, 's e a' seinn fad na h-ùine. (*Chithear FIONN a' togail cruach-mhòna.*) Nuair a bha a' chruach deiseil, chaithd e a-steach a bhroinn an taighe agus sgioblaich e an talla mòr far am biodh na Fianna a' tighinn cruinn airson chuirmean is chèilidhean.

Sgeulaiche 2

Nuair a bha an talla mòr rèidh aon uair eile, chaithd Fionn a-mach a-rithist agus chunnaic e gun robh an latha air fàs dorcha, mar gum biodh sgòthan mòra, dubha a' falach na grèine. Shaoil Fionn gur dòcha gun robh stoirm a' tighinn. Sguir e a sheinn agus dhùrich e an cnoc gus am faiceadh e na srathan ceithir thimcheall air. Chunnaic e an uair sin nach e sgòthan mòra a bha a' falach na grèine ach fuamhaire mòr a bha air nochdadh air faire. Bha e cho mòr agus gun robh gach ceum ga thoirt thar ghleanntan is bheanntan. Nuair a chunnaic Fionn gur ann a' dèanamh air a thaigh fhèin a bha e, thuig e gur e Fuamhaire Mòr na h-Alba a bh' ann.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Sgeulaiche 1

Calma's gun robh Fionn, ghabh e eagal nuair a chunnaic e cho mòr's a bha Fuamhaire na h-Alba. Bha e cho àrd agus nach fhaiceadh Fionn na speuran air a chùlaibh. Bha e cho leathann 's gum faiceadh Fionn beanntan is aibhnichean eadar a chasan. Bha e cho trom's gun robh gach ceum a ghabh e a' cur talamh na h-Èireann air chrith. Bha fhios aig Fionn nach b' urrainn dha fhèin seasamh na aghaidh. Thug e a chasan leis.

(Chithear FIONN a' teiche chun an taighe)

Sgeulaiche 2

Nuair a ghabh Fionn eagal ro Fhuamhaire Mòr na h-Alba, sin a' chiad turas a ghabh e eagal na bheatha. Cha robh fhios aige dè bu chòir dha a dhèanamh agus mar sin rinn e dìreach air an taigh aige fhèin aig peilear a bheatha.

SEALLADH 3 – TAIGH FHINN

Sgeulaiche 1

(Chithear BEAN FHINN a-staigh 's i a' fighe.)

Nuair a thàinig Fionn a-steach, bha brag an dorais cho mòr's gun do thuit na bioran air an lèr leis a' chlisgeadh a fhuair i. (*brag ri chluinntinn*)

Bean Fhinn

(air a clisgeadh) Fhinn! Dè idir a' chabhag a th' ort? Theab thu an doras a thoirt far nam bannan!

Sgeulaiche 2

Bha Fionn cho goirid san anail's nach b' urrainn dha guth a ràdh an toiseach, ach an uair sin chaidh aige air bruidhinn.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fionn

Tha Fuamhaire Mòr na h-Alba a' tighinn an taobh seo. Tha fhios gur ann an tòir ormsa a tha e. Dè idir a nì mi? Chan fhaca mi riamh duine cho mòr. An tèid mi am falach?

Bean Fhinn

Ist. Cha tèid! Mo näire! Fionn MacCumhaill, an duine agamsa, a mharbhadh naoinear fhear leis fhèin? Carson a rachadh esan am falach nuair nach eil an tòir air ach aon duine à Alba? Tha fhios nach eil e cho mòr sin.

Fionn

Tha, ge-tà. Nach eil fios agad mun dubhar anns na speuran agus na beanntan eadar na casan agus na ceumannan a chuir an talamh air chrith.

Bean Fhinn

(*gu h-iomagaineach a' toirt sùil tron uinneig*)

Seadh. Tha mi a' faicinn dè th' agad a-nis. Tha e gu math nas mothà na thusa. Nach math gu bheil mise nas seòlta na an dithis agaibh le chèile?

Fionn

Dè nì mi ma-thà? Ma tha thu cho seòlta sin, inns sin dhomh.

Bean Fhinn

Laigh thusa sa chreathail. Cuir ort seo (a' toirt dha bonaid leanaibh) agus cuir na plaideachan air d' uachdar. Greas ort mustig e!

Sgeulaiche 1

Rug Fionn air a' bhonaid agus leum e dhan chreathail. Chuir e a' bhonaid air a cheann agus chaith e fo na plaideachan. Dhùin e a shùilean nuair a chuala iad gnogadh aig an doras.
(*Cluinnear gnogadh aig an doras. Fosglaidh BEAN FHINN an doras. Nochdaidh am fuamhaire.*)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Bean Fhinn	Madainn mhath.
Sgeulaiche 1	Cha robh am fuamhaire ann an triom a bhith modhail.
Fuamhaire na h-Alba	Coma leat ‘madainn mhath’. Càit a bheil Fionn MacCumhaill? Tha mi air tighinn à Alba a shabaid ris.
Bean Fhinn	Fionn? Ò, tha mi duilich. Chan eil Fionn aig an taigh an-dràsta. Chaidh e dhan Fhraing an-diugh sa mhadainn a cheannach snàth sìoda dhomh. Tha dùil a'm ris a-nochd.
Fuamhaire na h-Alba	A-nochd? Dè an seòrsa duine a bheireadh an Fhraing a-mach agus a thilleadh a dh'Èirinn anns an aon latha?
Bean Fhinn	Is dòcha nach cuala sibh, ach tha Fionn uabhasach mòr. Ach cho mì-mhodhail 's a tha mi! Nach tig sibh a-steach a ghabhail grèim bìdh ri taobh an teine? Tha fhios gu bheil sibh sgìth às dèidh dhuibh tighinn cho fada. À Alba, an tuirt sibh?
Sgeulaiche 2	Bha bean Fhinn cho modhail, còir agus gun robh Fuamhaire na h-Alba air a nàrachadh leis mar a bha e air a bhith cho mì-mhodhail rithe roimhe. Chrom e a cheann agus lean e a-steach i. Shuidh e aig a' bhòrd agus thug e dheth a bhrògan.
Bean Fhinn	Bha mi am beachd sgonaichean a dhèanamh do dh'Fhionn airson a dhinneir. Saoil nan dèanainn tè a bharrachd, an gabhadh sibh fhèin i?
Fuamhaire na h-Alba	Gabhaidh. Tapadh leat.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Sgeulaiche 1

Rinn bean Fhinn sgonaichean mòra, mòra agus, nuair a rinn i an tè a bha i a' dol a thoirt do dh'Fhuamhaire na h-Alba, chuir i clachan mòra anns an taois. Thug i an sgona don Fhuamhaire agus dh'ith esan i.

(*Tha fuaim uabhasach ri chluinntinn nuair a tha e a' toirt a' chiad ghrèim aiste 's na clachan a' briseadh fhiaclan.*)

Bean Fhinn

Ò, cha do ghoirtich na clachan sibh, an do ghoirtich? Bidh Fionn daonnan ag ithe chlachan; tha fhiaclan cho làidir.

Fuamhaire na h-Alba

Cha do ghoirtich. (*le coltas air gun do ghoirtich gu mòr*)

Sgeulaiche 2

Cha do dh'ith e an còrr dhen sgona, ach thòisich e a' coimhead timcheall an t-seòmair. Thug e an aire don chreathail agus chaidh e a-null a choimhead na broinn.

Fuamhaire na h-Alba

Dè an aois a tha an leanabh?

Beann Fhinn

Trì mìosan. 'S e Fionn a th' airson cuideachd.

Fuamhaire na h-Alba

Meal do naidheachd air do mhac. Nach e tha mòr? Bheil gin de dh'fhiaclan aige fhathast?

Bean Fhinn

Ò, tha, tha gu leòr.

Sgeulaiche 1

Chuir am Fuamhaire a chorrag ann am beul Fhinn agus bhìd Fionn gu cruidh oirre.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fuamhaire na h-Alba (*a' leigeil sgreuch agus a' leum air falbh bhon chreachail*)

Innsidh mi seo dhut, a bhean, mas e sin an leanabh, chan eil mi ag iarraidh an t-athair fhaicinn gu bràth!

Sgeulaiche 2

'S leis a sin thionndaidh e air a shàil agus theich e às an taigh.

Nuair a chuala Fionn sin, leum e às a' chreachail agus chaith e mach an doras às a dhèidh.

(*Chithear FIONN a' leum às a' chreachail agus a' ruith gu oir na stèidse.*)

SEALLADH 4 – EILEAN MHANAINN

Sgeulaiche 1

Cha robh sgeul air Fuamhaire na h-Alba; leis an eagal a ghabh e bha e mar-thà leteach slighe air ais a dh'Alba.

Sgeulaiche 2

(*Chithear FIONN ga leantainn agus a' stad.*)

Lean Fionn e airson greis, ach an uair sin stad e agus shad e pìos mòr talaimh thar a' chuain às a dhèidh mar rabhadh nach bu chòir dha tilleadh a dh'Èireann gu bràth. Cha deach am pìos talaimh fada gu leòr agus thuit e ann am meadhan a' chuain. Bha e cho mòr 's gun robh daoine a' smaoineachadh gur e eilean ùr a bh' ann. Thug iad Eilean Mhanainn air mar ainm, agus sin an t-ainm a th' air chun an latha an-diugh.

Sgeulaiche 1

Far an do thog Fionn am pìos talaimh bha toll mòr air fhàgail.

Beag air bheag lión an toll mòr le uisge às na speuran agus bho na h-aibhnichean mòra anns an àite. Mu dheireadh nochd loch far an robh an toll agus thug daoine Loch nEathach air. Ma choimheadas tu air map de dh'Èirinn, chì thu gu bheil Loch

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

nEathach cho mòr agus gu bheil na bruaichean aige ann an trì sgìrean de cheann a tuath na h-Èireann: Aontroim; Tùr Eoghain agus Àrd Mhacha.

Sgeulaiche 2

Tha sin uile a' sealltainn cho mòr is cho làidir 's a bha Fionn MacCumhaill. Làidir 's gun robh esan, ge-tà, cha robh e leth cho seòlta ri bhean, a chuir Fuamhaire Mòr na h-Alba air ais an taobh às an tàinig e.

(Chithear BEAN FHINN a' coimhead gu math moiteil aiste fhèin 's i a' tilleadh dhachaigh.)

A' CHRÌOCH

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>